



Peairt is Ceann Rois Cruthachail

# Prìomhachasan Ro-Innleachdail Airson Cultar

2016-21



## Ar Lèirsinn

A bhith ag cridhe dealbh-tìre cultarail na h-Alba, agus a' comharrachadh na bh' againn, na tha againn agus na bhios againn de chultar sònraichte - don h-uile neach.



# Peairt is Ceann Rois Cruthachail 2016-2021

## Cò sinne

Tha Peairt is Ceann Rois aig cridhe na h-Alba, agus aig cridhe sgeulachd na h-Alba. Is e seo aon de na sgìrean as measgaichte san dùthaich, leis an t-seann Bhaile-mòr Pheairt agus 6 bailtean mòra an cois chruthan-tìre farsaing, riasgail agus Abhainn Tatha bhreagha. Tha an sgìre na dachaigh do Rìoghachd na h-Alba agus an àite crùnaidh aig na seann Rìghrean, agus is ann an seo a thòisich Ath-bheothachadh Cultarail na h-Alba.

Bidh Comhairle Pheairt agus Cheann Rois a' lìbhrigeadh sheirbheisean poblach thairis air a' cheathramh raon cruinn-eòlais as motha ann an Alba, gu faisg air 150,000 neach agus aon de na h-àireamhan-sluaigh as luaithe a tha a' fàs ann an Alba. Ag obair le com-pàirtichean agus coimhearsnachdan, tha sinn a' maoineachadh agus a' cur taic ri cultar de gach seòrsa air feadh na sgìre.

## An eadar-dhealachadh a tha sinn airson a dhèanamh

Tha sinn airson na prìomh bhuilean ro-innleachdail sin a choileanadh airson cultar, mar ar cuibhreann do Phlana Coimhearsnachd Pheairt agus Cheann-Rois 2013-23:

**Fàs seasmhach san eaconamaidh:** prìomh thairgse turasachd cur-seachad is gnìomhachais ann an Alba a tha a' cur taic ris an eaconamaidh ionadail.

**A' dèiligeadh ri neo-ionannachdan:** slàinte nas fheàrr, builean sòisealta agus eaconamach nas fheàrr don h-uile neach ann am Peairt agus Ceann Rois.

**Coimhearsnachdan le neart:** a' cur taic ri iomairtean cultair is spòrs gus am fàs iad agus gum bi iad soirbheachail mar phàirt de choimhearsnachdan beòthail ionadail.

**Foghlam fad-bheatha:** a' cur taic ri daoine fa-leth agus teaghlaichean tro ionnsachadh Thràth Bhliadhnaichean, foirmeil, inbheach agus coimhearsnachd.

# Na prìomhachasan ro-innleachdail againn 2016-2021

Bidh sinn a' fiosrachadh, ag oideachadh agus a' brosnachadh dhaoine agus choimhearsnachdan tro chompàirteachadh ann an cultar

**Builean Ro-innleachdail 1, 2, 3 & 4: Fàs Seasmhach Eaconamach; A' dèiligeadh ri neo-ionannachdan; A' toirt cumhachd do choimhearsnachdan; Ionnsachadh fad-bheatha**

## Carson?

Tha cultar a' ciallachadh rudan eadar-dhealaichte dhuinn uile, ach tha na buannachdan a tha a' tighinn bhuaithe làn aithnichte agus air an deagh rannsachadh. Tha cultar na shlighe gu eòlas, smuaintean, lìonrathan agus dàimhean. Faodaidh e dùbhlán, toileachas, brosnachadh a thoirt dhuinn agus ar ceangal ri daoine, coimhearsnachdan agus àiteachan thairis air ùine, astar agus sìobhaltasan. Tha an ionad cultarail a tha againn ann am Peairt agus Ceann Rois sònraichte leis cho farsaing agus cho beairteach sa tha e, agus tha sinn airson gum bi e ruigsinneach don h-uile neach.



## Ciamar?

- *Le bhith a' tasgadh agus a' libhrigeadh phrògraman poblach anns na h-ealain lèirsinneach, gnìomhaichte agus dèanadais a tha a' comharrachadh thàlant ionadail agus a' toirt obair a tha sònraichte aig ìrean nàiseanta agus eadar-nàiseanta gu luchd-èisteachd ionadail.*
- *Le bhith an sàs agus a' toirt daoine is coimhearsnachdan ionadail air bòrd mar phàirt den tagradh airson Peairt a bhith air a ghairm mar Bhaile-mòr Cultural na RA 2021.*
- *Le bhith ag àrdachadh com-pàirt ann am pròiseactan agus iomartean culturail fo stiùir na coimhearsnachd, nam measg modail Coimhearsnachdan Beò, agus le bhith a' fàs àireamhan luchd-obrach saor-thoileach.*
- *Le bhith ag àrdachadh com-pàirt ann an ionnsachadh cruthachail a' toirt a-steach feadhainn don robh com-pàirt na chnap-starra.*
- *Le bhith a' fàs luchd-iasaid gnìomhach bho na leabharlannan againn.*
- *Le bhith a' tasgadh agus a' leasachadh sheirbheisean air-loidhne/didseatach. gu sònraichte dhaibhsan ann an àiteachan dùthchail no iomallach.*
- *Le bhith ag àrdachadh com-pàirt le clann is daoine òga aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd, agus iadsan a tha fo chùram/ann an ionadan cùram.*



# Neartaichidh sinn an eaconamaidh turasachd againn tro chàileachd ar tairgse chultarail

## **Buil Ro-innleachdail 1: Fàs Eaconamach Seasmhach**


## Carson?

Tha turasachd na phrìomh phàirt den eaconamaidh againn, a' cur taic ri còrr air 8,000 cosnadh agus a' cruthachadh còrr air 4 millean tursan latha is nas fhaide don sgìre gach bliadhna. Tha an tairgse chultarail aig cridhe fàs ann an gach cuid gnìomhachas cur-seachad agus turasachd, le, mar eisimpleir, 30% de luchd-èisteachd aig Horsecross Arts a' tighinn bho thaobh a-muigh Pheairt is Cheann Rois, agus Taigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh aig cridhe slàinte eaconamach a' bhaile. Tha Talla Chuirm Pheairt mar aon de na h-àiteachan dèanadais is co-labhairt as fheàrr ann an Alba. Tha e na phrìomhachas leantainneach a bhith a' dèanamh ceangal ri luchd-èisteachd ionadail agus luchd-turais, agus aig an aon àm tha tursan luchd-turais don sgìre bho thall thairis air fàs aig faisg air an treas ìre anns na 4 bliadhna a dh' fhalbh. Tha gnìomhachasan cruthachail ionadail cuideachd na phàirt a tha nas cudromaiche don eaconamaidh ionadail, leis an iomairt ùr Perthshire Creates a' toirt seachad taisbeanadh didseatach agus fòram lionrathail do luchd-ealain, luchd-dèanaidh agus gnìomhachasan cruthachail de gach seòrsa. Aig àm far a bheil teannachadh a' tighinn air ionmhasan poblach, bidh e nas cudromaiche buileach gu leudaich sinn ar bunait maoineachaidh agus gun toir sinn taic do cho-obrachadh le ar com-pàirtichean, a bharrachd air taic do bhuidhnean fo stiùir na coimhearsnachd airson maoineachadh fhaighinn bhon taobh a-muigh.

## Ciamar?

- *Le bhith a' libhrigeadh 'Big Move 7'<sup>1</sup> ann am Plana Baile-mòr Pheairt tro bhith a' leasachadh tàlaidhean cultarail ùra a bheir buannachd don sgìre gu h-iomlan.*
- *Le bhith ag àrdachadh thursan turasachd dachaigheil is thall thairis.*
- *Le bhith a' gleidheadh na h-àireamh de ghnìomhachasan cruthachail ionadail agus a' cur taic ri gnìomhachasan ùra a' tòiseachadh.*
- *Le bhith a' cur taic ri luchd-ealain is luchd-dèanaidh ionadail gus an cuid obrach a leasachadh agus gus an lean iad orra a bhith stèidhichte ann am Peairt agus Ceann Rois.*
- *Le bhith a' cur taic ri luchd-ealain is buidhnean fo stiùir na coimhearsnachd gus am faigh iad maoinachadh bhon taobh a-muigh, agus gun àrdaich iad an cuid comais.*

1 *Tha 'Big Move 7' mar aon de na h-ochd 'Big Moves' ann am Plana a' Bhaile-mhòr gus a' bhun-structair a dh' fheumas Peairt airson na comasan aice a choileanadh, a stèidheachadh. Tha Big Move 7 a' cur fòcas air leasachadh thàlaidhean cultarail.*



Cumaidh sinn suas agus àrdaichidh sinn càileachd ealain is cultarail, a' brosnachadh agus a' comasachadh obair a tha sònraichte aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta

**Builean Ro-innleachdail 1 & 4:  
Fàs Eaconamach Seasmhach;  
Ionnsachadh Fad-bheatha**

## Carson?

Tha na buidhnean ealain is dualchais againn bunaiteach do cho sònraichte sa tha an cultar ionadail againn agus tha an obair a tha iad a' dèanamh cuideachd bunaiteach do dhealbh-tìre cultarail farsaing na h-Alba agus càileachd toradh ealain aig ìre nàiseanta. Tha an dà thaigh-cluiche dèanadais againn, Taigh-cluiche Pheairt agus Taigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh nam Buidhnean Maoinichte Cunbhalach aig Alba Chruthachail ann an 2015-18. Tha Inbhe Aithne Nàiseanta aig an taigh-tasgaidh agus na cruinneachaidhean fìor ealain againn agus is ann againn a tha an cruinneachadh as motha agus as sònraichte san t-saoghal leis an neach-ealain ùr-nodha Albannach Iain Donnchadh Fearghasdan. Tha na buidhnean ealain fo stiùir na coimhearsnachd againn, nam measg Fèis Ealain Pheairt, a' stiùireadh na roinne anns an Ìomhaigh agus a' chàileachd obrach agus na prògraman aca a bhios iad a' taisbeanadh; Tha Stiùideothan Fosgailte Pheairt mar an tachartas stiùideo fosgailte as motha san dùthaich; agus tha fàs a' tighinn anns an àireamh de luchd-ealain is luchd-dèanaidh a tha a' fuireach agus ag obair san sgìre. Feumaidh sinn cumail oirnn le bhith a' dèanamh tasgadh san obair chàileachd seo agus ga neartachadh tro thuilleadh cho-obrachadh le buidhnean nàiseanta, san RA agus gu h-eadar-nàiseanta.



## Ciamar?

- *Le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh co-obraichean le buidhnean nàiseanta, RA agus eadar-nàiseanta.*
- *Le bhith ag àrdachadh na h-ìre de mhaoineachadh a gheibh sinn bhon taobh a-muigh airson obraichean ùra a thèid a choimiseanadh.*
- *Le bhith a' libhrigeadh na prògraman poblach againn a bhios a' comharrachadh cho sònraichte sa tha sinn nar cultair: mar eisimpler, na Cultaran Gàidhlig is Albais againn agus na bhuineas don luchd-siubhail, bho bheul-aithris agus innse sgeulachdan, ceòl orcastra traidiseanta agus cho sònraichte sa bha Iain Donnchadh Fearghasdan, Màiread Morris agus Uilleam Soutar.*
- *Le bhith a' cumail suas agus ag àrdachadh na h-inbhean cùraim, sgrùdaidh agus eadar-mhìneachaidh againn air cruinneachaidhean taighean-tasgaidh a' toirt a-steach co-obrachadh chùradairean agus obair le institiudan acadaimigeach.*
- *Le bhith toirt taic do luchd-ealain agus do bhuidhnean fo stiùir na coimhearsnachd, luchd-ealain is luchd-dèanaidh fa-leth gus am faigh iad maoineachadh bhon taobh a-muigh, agus taic togail comais eile.*
- *Le bhith a' cur a-steach tagradh airson Baile-mòr Cultarail na RA 2021 agus Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021.*



Cumaidh sinn suas agus àrdaichidh sinn a' bhun-structar cultarail againn gus ruigsinneachd nas fharsainghe do na h-ealain agus do dhualchas airson an luchd-èisteachd as fharsainghe a tha comasach, a chumail suas agus a chomasachadh

**Buil Ro-innleachdail 2 & 4: A' dèiligeadh ri neo-ionannachdan; Ionnsachadh Fad-bheatha**

## Carson?

Chan ann mu dheidhinn clachan is mortar a tha na h-àiteachan againn, ach mu dheidhinn na prògraman poblach a tha air an libhrigeadh annta agus nas fhaide a-muigh na na ballachan aca a tha ag àrdachadh ruigsinneachd do chultar dha na h-uile. Feumaidh togalaichean a bhith ag obair gu cruaidh agus feumar a bhith a' toirt prìomhachas do thasgadh ann an suidheachadh far a bheil ionmhasan poblach air an teannachadh. Nuair a chuireas sinn airgead a-steach do bhun-structaran, bidh seo air ar n-inntinn gus am bi na togalaichean agus na pròiseactan calpa againn a' coileanadh na h-ìrean com-pàirt as fharsainghe a tha comasach, agus gu bheil iad dha-rìribh air am faicinn mar phàirt de chruth shòisealta a' bhaile-mhòr, na bailtean agus na coimhearsnachdan againn. Tha bun-structar didseatach nas cudromaiche buileach a-nis, ag innse gu bheil iarrtas nas motha a' fàs am measg luchd-èisteachd gnàthach is ùra airson seirbheisean air-loidhne agus didseatach; agus tha ealan didseatach a' leantainn ri bhith na raon cleachdaidh a tha a' sìor ghluasad agus le dealas ùr.

## Ciamar?

- *Le bhith a' libhrigeadh pròiseact Cruth-atharrachadh Taigh-cluiche Pheairt, gus am bi aon de na taighean-cluiche dèanadais as sine ann an Alba ruigsinneach gu corporra don h-uile neach agus ag ùrachadh an àite aige mar phàirt de bhun-structar taigh-cluiche air feadh na h-Alba.*
- *Le bhith a' libhrigeadh 'Big Move 7' ann am Plana a' Bhaile-mhòir, gus tàlaidhean ùra ann am Peairt a leasachadh a thaisbeanas ar n-ealain is dualchais lèirsinneach shònraichte.*
- *Le bhith a' toirt taic do Thaigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh gus na molaidhean agus an ro-innleachd maoineachadh aige airson Vision 2021 a leasachadh, a' fàgail gum bi làrach PFT nas ruigsinneach do luchd-èisteachd nas fharsainghe.*
- *Le bhith a' leantainn le tasgadh ann agus le àrdachadh sheirbheisean didseatach/ air-loidhne; a' cumail suas WiFi an-asgaidh anns gach leabharlann coimhearsnachd is gluasadach againn mar phàirt de chlàr-gnothach Baile-mòr Tapaidh Pheairt.*



## Ga thoirt gu buil

Bidh sinn a' libhrigeadh na prìomhachasan ro-innleachdail sin tron rèiteachadh coimiseanadh againn leis a' bhuidheann neo-eisimeileach Trusts Horsecross Arts agus Cultar Pheairt is Ceann Rois,<sup>2</sup> na prìomh chom-pàirtichean againn. Leanaidh sinn oirnn cuideachd le bhith ag obair gu dlùth leis na com-pàirtichean farsaing againn nam measg Taigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh, Fèis Ealain Pheairt agus Ealain Bhiornaim; agus gus a bhith a' neartachadh agus a' cruthachadh co-obrachadh le buidhnean cultarail air feadh na h-Alba, na RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Bidh e na phrìomhachas ùr dhuinn a bhith a' toirt air adhart ceanglaichean le institiudan acadaimigeach a bhios a' leudachadh eòlas is tuigse air an taigh-tasgaidh agus na cruinneachaidhean ealain againn a tha a' faighinn Aithne Nàiseanta; agus leanaidh sinn oirnn le ar prìomh dhleastanas ann an raon nan leabharlannan poblach mar aon de na seirbheisean leabharlann poblach as adhartaike san dùthaich. Bidh ionnsachadh didseatach agus ruigsinneachd gu seirbheisean cultarail na dhòigh libhrigidh a bhios nas cudromaiche san àm ri teachd.

2 *Bidh Cultar Peairt agus Ceann Rois a' tòiseachadh gu gnìomhach bhon Ghiblean 2016.*

## Obair ionadail

Còmhla ri Horsecross Arts, Cultar Pheairt agus Ceann Rois agus cuid eile, bidh sinn ag ullachadh phlanaichean sgìre a shuidhicheas na tha sinn airson a choileanadh gach bliadhna anns gach sgìre ann am Peairt is Ceann Rois gus an tig adhartas air na prìomhachasan ro-innleachdail againn: A' Ghàidhealtachd, Srath Eireann, Taobh a Tuath Pheairt, Taobh a Deas Pheairt, Taobh an Ear Pheairt agus Ceann Rois. Is iad sin na planaichean libhrigidh bliadhnaile againn gus ar prìomhachasan ro-innleachdail a chur an gnìomh.

## Comhairlichean eòlach agus sealladh na coimhearsnachd

Is ann bhon Buidheann Comhairleachaidh Cultar is Spòrs, a thòisicheas ag obair sa Ghiblean 2016, a gheibh sinn beachdan agus bidh iad nan eòlaichean comhairleachaidh dhuinn airson ar sealladh agus prìomhachasan ro-innleachdail a libhrigeadh. Tha ballrachd a' toirt a-steach Alba Chruthachail, NHS Taobh Tatha agus prìomh sheirbheisean Comhairle buntainneach nam measg Seirbheisean Foghlaim. Bheir riochdairean coimhearsnachd an sealladh aca fhèin seachad air an adhartas a tha sinn a' dèanamh agus mar as urrainn dhuinn tuilleadh adhartais a dhèanamh.

# Rudan a bheir comas

Tha mòran de dhòighean-comais againn - blocaichean togail gus cuideachadh a thoirt dhuinn le bhith a' coileanadh ar sealladh agus na prìomhachasan ro-innleachdail againn. Tha iad a' gabhail a-steach:

## Daoine

- Ann an 2014/15, ghabh **1.3 million** neach pàirt ann an gnìomhachd cultarail de sheòrsa choireigin ann am Peairt agus Ceann Rois.
- Ann an 2014/15, ghabh **còrr air 6,552** neach pàirt ann an gnìomhachd Ionnsachadh Cruthachail.
- Ann an 2014/15, fhuair **639,590** neach cothrom air seirbheisean leabharlann air-loidhne/didseatach, taigh-tasgaidh agus gailearaidh.
- Tha faisg air **an còigeamh cuid de dhaoine òga** agus **còrr air an còigeamh cuid de dhaoine aig aois 50+** nan luchd-iasaid gnìomhach aig leabharlannan.
- Tha **8,995** duine òg agus coimhearsnachd air pàirt a ghabhail ann an Coimhearsnachdan Beò, am pròiseact dualchas coimhearsnachd as motha ann an Alba.
- Tha **75** duine òg nan Tosgairean Dualchais agus air Duais Ealanta Òigridh a chosnadh mar thoradh air iad a bhith an sàs ann an cultar.
- Tha **192** duine òg an sàs gu saor-thoileach anns an taigh-tasgaidh againn, ann an sgrùdaidhean ionadail, agus seirbheisean leabharlann is tasglann.

## Àite

- **Àite breith/dachaigh** Hamish MacEanruig, Iain Donnchadh Fearghasdan, Uilleam Soutar, Patrick Geddes & luchd-ealain, sgrìobhadairean agus luchd-cnuasachaidh Albannach.
- **Suidheachadh/brosnachadh** airson Uilleam Wordsworth, Walter Scott, Iain Buchan, Beatrix Potter agus cuid eile.
- **Còrr air 20 goireas cultarail sònraichte** air feadh na sgìre, nam measg Taigh-tasgaidh is Gailearaidh Ealain Pheairt, Gailearaidh Fearghasdan, Taigh-tasgaidh Eachdraidh Shòisealta Ailt, Taigh-cluiche Pheairt, Taigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh, Ealan Bhiornam, ceithir Leabharlannan Campa Coimhearsnachd, Leabharlann AK Bell, Taigh-tasgaidh nam Freiceadan Dubha, Taigh-dhealbh Birks.
- **198** buidheann ealain coimhearsnachd agus eachdraidh ionadail stèidhichte.
- **370** gnìomhachas cruthachail ionadail.

## Dèanadas

- **2** Thaigh-cluiche dèanadas, Taigh-cluiche Fèis Bhaile Chloichridh agus Taigh-cluiche Pheairt.
- Talla Cuirm Pheairt aig a bheil cliù aig ìre eadar-nàiseanta, aon de na h-àiteachan cuirme as cudromaich ann an Alba.
- Tachartasan nàiseanta is RA agus co-obrachaidhean, nam measg Seòmraichean Luchd-ealain, Duasean Traidiseanta, compàirtean le Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Gailearaidh Ealain Hunterian, Taigh-tasgaidh Bhreatainn.
- Duaisean agus farpaisean a tha a' toirt taic do thàlant ùr: Duas Fearghasdan agus Duais Sgrìobhaidh Uilleam Soutar.
- Àrdachadh de **128%** ann an cleachdadh sheirbheisean air-loidhne/didseatach bho 2013/14 mar thoradh air ùrachadh agus tasgadh anns na seirbheisean sin.

## Casg

- Ann an 2014/15 ghabh **18,860** pàirt ann an RhymeTime, Bookbug, Chatterbox agus gnìomhachd Tràth Bhliadhnaichean agus leughaidh teaghlaichean a bha ag amas air an toiseach-tòiseachaidh beatha as fheàrr a thoirt do chloinn agus taic a thoirt do sgilean pàrantachaidh.
- Ann an 2014/15 bha **7,768** neach-cleachdaidh de Lionra an t-Sluaigh ann an leabharlannan, a' faighinn gu ionnsachadh fad-bheatha agus cothroman cosnaidh is taic.
- Ann an 2014/15 bha **6,986** neach a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh inbheach IT ann an leabharlannan. Bha 2,185 neach eile a' gabhail pàirt ann an cothroman ionnsachaidh nach robh co-cheangailte ri IT.
- Bidh **40** buidheann coimhearsnachd a' coinneachadh gu cunbhalach ann an leabharlannan agus àiteachan cultarail eile, nam measg taighean-tasgaidh, a' cumail suas lionrathan taic ionadail airson coimhearsnachdan agus daoine fa-leth.

## A' sealltainn agus an aithris air an eadar-dhealachadh a rinn sinn

Bidh sinn a' cumail sùil air an adhartas libhrigidh againn tron rèiteachadh cùmhnant a th' againn le Cultar Peairt is Ceann Rois, Horsecross Arts agus buidhnean eile air am maoineachadh le treas phàrtaidhean, agus tro dhòighean adhartais leantainneach na Comhairle. Far am bi feum air fiosrachadh bunaiteach ùra a leasachadh, gus am bi sinn a' tomhas fìor bhuidhnean agus chan è nas urrainn a thomhas, nì sinn sin agus bheir sinn comharraidhean coileanadh ùra a-steach do Phlanaichean Sgìre agus phlanaichean sgioba.

## Nithear aithris air adhartas:

- *gach ràithe agus gach bliadhna don phobaill agus dha Comhairlichean, tron Phlana Rìaghlaidh is Adhartais Gnìomhachais aig Seirbheisean Foghlaim is Cloinne;*
- *gach 6 mìosan don Bhòrd Com-pàirteachas Dealbhaidh Coimhearsnachd agus tro Coileanadh Pheairt is Chinn Rois;*
- *tro Horsecross Arts agus Aithisgean Bliadhnail Cultar Pheairt is Chinn Rois.*

If you or someone you know would like a copy of this document in another language or format, (on occasion, only a summary of the document will be provided in translation), this can be arranged by contacting the Customer Service Centre on 01738 475000.

You can also send us a text message on 07824 498145.

All Council Services can offer a telephone translation facility.

**[www.pkc.gov.uk](http://www.pkc.gov.uk)**

*(PKC Design Team - 2016034)*